




Mata Mòr air chuairt



Dee Reid • Gwyneth Williamson



A' cleachdadh an leabhair seo

Tha an leabhar seo airson gum bi inbhich agus clann ga leughadh còmhla.

Bidh an t-inbheach a' leughadh an stòraidh gu lèir agus a' misneachadh na cloinne gu leughadh an seantans a th' anns a' bhuilgean. Mar seo gheibh a' chlann an taic air a bheil iad a' cur feum aig a' chiad ìre leughaidh.



Seo Mata Mòr.

'S e fuamhaire a th' ann.

Tha e a' fuireach ann an taigh mòr

le uinneagan mòra agus doras mòr.

Aon là chaidh Mata Mòr air chuairt.

Chaidh Mata Mòr sìos an rathad.

Chunnaic e nighean bheag.

Bha i brònach.

“Seall a’ phiseag agam,” thuirt i.

Rinn Mata Mòr gàire agus thuirt e,

Gheibh mise i



An uair sin chaidh Mata Mòr sìos an rathad.

Chunnaic e gille beag.

Bha e brònach.

“Seall air an itealan agam,” thuirt e.

Rinn Mata Mòr gàire agus thuirt e,

Gheibh mise e



An uair sin chaidh Mata Mòr sìos an rathad.
Chunnaic e clann.
Bha iad brònach.
“Seall na bailiùnaichean againn,” thuirt iad.
Rinn Mata Mòr gàire agus thuirt e,

Gheibh mise iad



“Tapadh leat a Mhata Mhòir,” thuirt a’
chlann.

“Seo reòiteag dhut.”

Rinn Mata Mòr gàire agus thuirt e,

Tapadh leibh



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

© Dee Reid
A' chiad fhoillseachadh 1996

Am foillseachadh seo anns a' Ghàidhlig 1999
le PRG/Acair

© na Gàidhlig PRG

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar
seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead
ro-làimh bho PRG • Acair.

Clò-bhuailte le Scotprint, Dùn Eideann.
LAGE/ISBN 0 86152 242 7